Co-chomhairle air Ro-innleachd Dhidseatach na h-Alba	A Consultation on the Digital Strategy for Scotland
Ro-ràdh	**Introduction**
Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air a' chothrom beachdan a chur a-steach gu foirmeil chun na co-chomhairle seo.	Bòrd na Gàidhlig welcomes the opportunity to formally submit its views to this consultation.
Chaidh Bòrd na Gàidhlig a' stèidheachadh fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 mar a' phrìomh bhuidheann phoblach ann an Alba le uallach airson leasachadh na Gàidhlig adhartachadh agus comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba air cùisean na Gàidhlig.	Established under the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, Bòrd na Gàidhlig is the principal public body in Scotland responsible for promoting Gaelic development and providing advice to the Scottish Ministers on Gaelic issues.
Is e fear de na prìomh dhleastanasan aig Bòrd na Gàidhlig fo Achd 2005, am Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig a thoirt gu buil agus obrachadh le com-pàirtichean ann a bhith ga lìbhrigeadh. Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' feuchainn ri inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionnan ris a' Bheurla.	One of our primary remits of Bòrd na Gàidhlig under the 2005 Act is to produce the National Gaelic Language Plan and work with partners in its delivery. The National Gaelic language plan seeks to secure the status of Gaelic as an official language of Scotland commanding equal respect to the English language.
Plana Nàiseanta Gàidhlig 2018-23	**The National Gaelic Language Plan 2018-23**
'S e am prìomh amas anns a' Phlana Nàiseanta Gàidhlig (PNG) 2018-23 "gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean" agus gun tig seo gu buil le bhith a' toirt prìomhachas do na trì cinn gu h-ìosal:	The aim of the National Gaelic Language Plan 2018-23 (NGLP) is "that Gaelic is used more often, by more people and in a wider range of situations" and that this will be achieved by focusing on the three key headings below:
1. A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig 2. A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig 3. A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig	1. Increasing the use of Gaelic 2. Increasing the learning of Gaelic 3. Promoting a positive image of Gaelic
Tha am PNG ag ràdh cuideachd gu bheil feumalachdan diofraichte aig diofar choimhearsnachdan agus tha taic diofraichte a dhìth airson gach tè. Tha am PNG a' toirt iomradh air na feumalachdan airson trì seòrsa choimhearsnachdan:	The NGLP also states that different communities have different needs and support needs to be tailored to fit those needs. The NGLP goes on to summarise the needs of three broad types of communities:
1. Coimhearsnachdan Eileanach is Dùthchail 2. Bailtean is Bailtean-mòra 3. Coimhearsnachdan Ceangailte tro Theicneòlas	1. Island and Rural Communities 2. Towns and Cities 3. Communities linked by Technology

Thathas den bheachd gum bu choir Ro-innleachd Dhidseatach na h-Alba a bhith a' cumail taic ri fàs air cleachdadh na Gàidhlig, fàs air ionnsachadh na Gàidhlig agus le bhith a' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig	Our view is that the Digital Strategy for Scotland must support the increased use of Gaelic, must enhance opportunities to learn Gaelic and must play a part in promoting a positive image of Gaelic.
Cuideachd, tha e deatamach gum bi Ro-innleachd Dhidseatach na h-Alba a' cumail taic ris na feumalachdan aig coimhearsnachdan eileanach is dùthchail, anns na bailtean is bailtean-mòra agus na coimhearsnachdan ceangailte tro theicneòlas	In addition, the Digital Strategy for Scotland must support the needs of Gaelic users in island and rural communities, in towns and cities and in communities linked by technology.
Ri linn COVID-19 tha fàs mòr air a bhith ann leis a' choimhearsnachd Gàidhlig air-loidhne a-measg diofar aoisean ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta. Tha e deatamach gum bi Ro-innleachd Dhidseatach na h-Alba a' cumail taic ri, agus a' neartachadh nan, cothroman a th' ann an lùib seo mar thoradh air suidheachadh air leth doirbh.	The COVID-19 pandemic has seen a huge growth in the on-line Gaelic community across all age groups in Scotland and internationally. It is important that the Digital Strategy for Scotland plays a key part in further enabling and strengthening this opportunity that has risen out of the most difficult of situations.
Còraichean Didseatach	**Digital Rights**
Tha sinn den bheachd gum bu chòir còir Gàidhlig agus/no Beurla a chleachdadh a bhith na phrìomh phrionnsapal tro gach taobh den Ro-innleachd Dhidseataich.	It is our view that the right to use Gaelic and / or English should be a key principle across all aspects of the Digital Strategy.
Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig	**Gaelic orthography**
Mholamaid gun toirear aire anns an Ro-innleachd Dhidseataich gum bu chòir leasachaidhean didseatach a bhith mothachail air feumalachdan gnàthachas litreachaidh na Gàidhlig, mar eisimpleir, gun gabh stràcan a chleachdadh ann an teacs.	We ask that attention is drawn within the Digital Strategy to ensure that new digital developments are mindful of the needs of Gaelic orthography, for example that accents can be accommodated within text.
Gun duine sam bith air fhàgail às	**No-one left behind**
Tha sinn ag aontachadh nach bu chòir cruinn-eòlas, eachdraidh phearsanta, no comas a bhith nam bacadh air a bhith a' dol air-loidhne agus buannachd fhaighinn bho theicneòlas didseatach.	We agree that geography, background, or ability should not be barriers to getting online and benefiting from digital technology.
Mholamaid gum beachdaichear air na puingean a leanas: • A' toirt seachad còmhdachadh bann-leathann do na h-uile air **prìs reusanta**	We ask that the following points are considered: • Deliver **affordable** broadband coverage for all.

• Ag amas gum bi còmhdachadh 100% aig 4G air feadh na h-Alba, a' gabhail a-steach slighean aithisg agus uisgeachan a' chosta.	• Aim for 100% 4G mobile coverage across Scotland, including on ferry routes and in coastal waters.
• A' dèanamh cinnteach gun toirear prìomhachas do na "làraichean bana" ann an coimhearsnachdan dùthchail Gàidhlig gus taic a chumail ri Gàidhlig a chleachdadh barrachd gu didseatach anns na coimhearsnachdan sin.	• Ensure that digital rollout to "not spots" in rural Gaelic speaking communities are prioritised in support of growing Gaelic digital usage in these communities.
• Ro-innleachd shoilleir a bhith ann gus dèanamh cinnteach gum faigh òigridh air feadh na h-Alba cothrom air ionnsachadh air-loidhne aig an taigh.	• A clear strategy to ensure that all young people in Scotland are enabled to access on-line learning at home.
• A' dèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan foghlaim Gàidhlig mar phàirt den tasgadh didseatach ann an sgoiltean - m.e. tionndaidhean Gàidhlig de bhathar-bog, brabhsairean, dearbhairean litreachaidh agus meur-chlàran.	• Ensure that the needs of Gaelic education are included as part of the digital investment in schools – e.g. Gaelic versions of software, browsers spell checkers and keyboards.
• A' dèanamh cinnteach gu bheil feumalachdan foghlaim Gàidhlig agus na riatanasan sònraichte airson a bhith a' cleachdadh Gàidhlig ann am foghlam mar phàirt den Ro-innleachd Ionnsachaidh Dhidseatach Nàiseanta bho thùs seach a bhith air an cur ris nas fhaide air adhart.	• Ensure that the needs of Gaelic education and the specific requirements for using Gaelic in education are included in the National Digital Learning Strategy from the outset and not added on later.
• A' dèanamh cinnteach gu bheil na cothroman a tha a' tighinn bho E-sgoil gus foghlam Gàidhlig a leudachadh air feadh na h-Alba mar phàirt den Ro-innleachd Ionnsachaidh Dhidseatach Nàiseanta. (Mholamaid cuideachd gun cleachdar E-sgoil mar sgrùdadh-cùise gus sealltainn mar as urrainn do theicneòlas Didseatach taic a chumail ris a' Ghàidhlig).	• Ensure that the opportunities which flow from E-sgoil to grow Gaelic education provision across Scotland are included in the National Digital Learning Strategy. (We also suggest that E-sgoil be included as a case study to highlight how Digital technology can support Gaelic).
Seirbheisean ag obair do na h-uile	**Services Working for All**
Tha sinn ag aontachadh leis a' phrìomh phuing gum feum riaghaltas agus buidhnean an latha an-diugh a bhith ag obair còmhla gus dùblachadh obrach neo-riatanach a	We agree with the key point that modern government and organisations need to work together to reduce unnecessary duplication of

lughdachadh, gus piseach a thoirt air an dòigh anns a bheil iad a' cleachdadh dàta, agus gus piseach a thoirt air an dòigh anns am bi iad a' lìbhrigeadh sheirbheisean do mhuinntir na h-Alba.	work, improve the way they use data, and the way they deliver services to Scotland's people.
Mholamaid gum beachdaichear air na puingean a leanas:	We ask that the following points are considered:
• Gun dèanar cinnteach gun tèid beachdachadh air feumalachdan luchd na Gàidhlig mar phàirt de sgaoileadh fhuasglaidhean didseatach ùra. Tha Riaghaltas na h-Alba agus mòran ùghdarrasan poblach air planaichean Gàidhlig reachdail aontachadh a tha a' mìneachadh na tairgse corporra aca dhan phoball. Bu chòir dhan Ro-innleachd Dhidseataich dèanamh cinnteach gun leudaichear farsaingeachd nan seirbheisean dhan phoball a tha rim faighinn sa Ghàidhlig.	• Ensure that the needs of Gaelic users are considered in the roll-out of new digital solutions. The Scottish Government and many public authorities already have approved statutory Gaelic language plans which outline their corporate offer to the public. This Digital Strategy should ensure that the range of services on offer through the medium of Gaelic to the public is enhanced.
• Gun dèanar cinnteach gu bheil co-ionad coitcheann nan seirbheisean didseatach a' ceadachadh cleachdadh na Gàidhlig bho thùs mar phàirt den ailtearachd bhunasaich.	• Ensure that the common digital service hub allows for the use of Gaelic from the outset as part of the basic architecture.
• Tha e cudromach gum bi Dàta Rannsachaidh Alba a' gabhail a-steach dàta a thaobh na Gàidhlig, gus luchd-dèanamh poileasaidh a chuideachadh a thaobh planadh cànain airson na Gàidhlig.	• It is important that Research Data Scotland includes data regarding the Gaelic language, to assist policy makers with regards Gaelic language planning.
Cruth-atharrachadh air Riaghaltas	**Transforming Government**
Tha sinn ag aontachadh gum bu chòir dealbhadh, leasachadh agus solar sheirbheisean didseatach cumail ris a' phrionnsapal "aon uair a-mhàin airson Alba" gus comann-sòisealta gun charbon, luach airgid nas fheàrr agus seirbheis nas fheàrr agus nas cunbhalaiche do luchd-cleachdaidh a choileanadh.	We agree that the design, development, and procurement of digital services should follow the principle of "once for Scotland" to achieve a net zero carbon society, greater value for money and a better and more consistent service for users.
Mholamaid gum beachdaichear air na puingean a leanas:	We ask that the following points are considered:

• Gun dèanar cinnteach gu bheil feumalachdan luchd-cleachdaidh seirbheis aig a bheil Gàidhlig air an toirt a-steach dhan dòigh-obrach seo bho thùs.	• Ensure that the needs of Gaelic language service users all included within this approach from the outset.
• Gun dèanar cinnteach gu bheil bathar-bog cuimhne eadar-theangachaidh ri fhaighinn air feadh na roinne poblaich, cho math ri trèanadh airson luchd-obrach agus luchd-cùmhnant. Nì seo cinnteach gum bi luach an airgid nas fheàrr agus gum bi barrachd stuthan Gàidhlig àrd-inbhe agus cunbhalach air an dèanamh airson a' phobaill	• Ensure that Gaelic translation memory software is made available across the public sector along with training for staff and contractors. This will ensure better value for money is achieved and that more high-quality and consistent Gaelic materials are produced for use by the public
Eaconamaidh Dhidseatach is Dàta	**A Digital and Data Economy**
Tha sinn ag aontachadh gum feumar dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach sgileil againn gus na feumalachdan a choileanadh aig eaconamaidh dhidseatach a tha a' fàs.	We agree for the need to ensure that we have a skilled workforce available to meet the needs of a growing digital economy.
Taobh a-staigh an sgioba-obrach seo, tha e cudromach gum bi sinn a' trèanadh eòlaichean gus bathar didseatach sa Ghàidhlig a lìbhrigeadh san àm ri teachd m.e. bathar-bog cuimhne eadar-theangachaidh, geamaichean Gàidhlig agus tuigse fuadain.	Within this workforce, it is important that we train experts to deliver future Gaelic language digital products e.g. translation memory software, Gaelic language gaming and artificial intelligence.
Tha seo cuideachd ceangailte ris a' choincheap "gun duine sam bith air fhàgail às". Tha e cudromach gun tèid feumalachdan didseatach na coimhearsnachd Gàidhlig a thoirt air adhart aig an aon astar agus aig an aon ìre ri cànanan eile.	This links back the "no-one left behind" concept. It is important the digital needs of the Gaelic speaking community are taken forward at the same pace and to the same standard as other languages.
Roinn Teicneòlais Bheòthail	**A Vibrant Tech Sector**
Tha sinn ag aontachadh gu bheil tasgadh ann an teagasg agus ionnsachadh saidheans coimpiutaireachd agus raointean ceangailte aig gach ìre foghlaim na phàirt riatanach den ro-innleachd dhidseatach.	We agree that investment in the teaching and learning of computing science and related disciplines at all levels of education is an essential part of the digital strategy.
Mholamaid gum beachdaichear air na puingean a leanas:	We ask that the following points are considered:
• Gun dèanar cinnteach gu bheil teagaisg agus ionnsachadh saidheans coimpiutaireachd agus cuspairean co-	• Ensure that teaching and learning of computing science and related disciplines is available through the

cheangailte ri fhaighinn tro mheadhan na Gàidhlig aig gach ìre foghlaim ann an Alba.	medium of Gaelic at all levels of education in Scotland.
• Gum bu chòir a h-uile prògram Foghlam Tidsearan tùsail a bhith a' gabhail a-steach ullachadh airson dèanamh cinnteach gu bheil gach cuid tidsearan tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla thairis air gach roinn sgileil a thaobh a bhith a' toirt seachad prògraman teagaisg is ionnsachaidh iomchaidh.	• All Initial Teacher Education programmes include provision for ensuring both Gaelic-medium and English-medium teachers across sectors are skilled in providing appropriate teaching and learning programmes.
• Dèan cinnteach gu bheil ullachadh air a dhèanamh taobh a-staigh prògraman teagaisg is ionnsachaidh gus am bi oileanaich le Gàidhlig mothachail air bathar didseatach Gàidhlig agus gu bheil iad air am brosnachadh gus an cleachdadh	• Ensure that provision is made within teaching and learning programmes to make Gaelic speaking students aware of Gaelic digital products and that they are encouraged to use them
• Dèan cinnteach gu bheil tasgadh ann an rannsachadh is leasachadh air goireasan didseatach sa Ghàidhlig, stèidhichte air feumalachdan na coimhearsnachd.	• Ensure that there is investment in the research and development of Gaelic digital products based on the needs of the community.